

AR NÀDAR

Frèam airson Obair
Bith-iomadachd sna
h-Eileanan Siar

OUR NATURE

A Framework for
Biodiversity Action in
the Western Isles





Left: Song thrush
 Opposite top: Dunlin
 Opposite bottom: Oak tree sapling.

Cli: Smeòrach
 Mu choinneimh gu h-àrd:
 Gille-feadaig
 Mu choinneimh gu h-ìosal:
 Craobh òg daraich

1	Introduction	2
1.1	What is Biodiversity?	2
1.2	Sustainability and Biodiversity	2
1.3	UK Biodiversity Action Plan	4
1.4	Local Biodiversity Action Plan (LBAP)	6
1.5	The Role of Habitats and Species Action Plans	8
2	Western Isles Biodiversity Process	10
2.1	Initiation of the Process	10
2.2	LBAP Steering Group	10
2.3	Audit Group	12
2.4	LBAP Objectives	12
2.5	Generic Actions	14
2.6	Biodiversity Audit	14
2.7	Prioritising Habitats and Species	16
2.8	Action Plan Phases	20
2.9	Action Plan Format	20
3	Implementation	22
3.1	Public Participation	22
3.2	Raising Awareness	24
3.3	Measuring and Monitoring Progress	24
3.4	Resources	26
3.5	Biological Recording	26
4	How You Can Help	28
5	Appendices	32
5.1	Habitats List	32
5.2	Species List	34

May 2004
 An Cèitean 2004



1 Suidheachadh	3
1.1 Dè th' ann am Bith-iomadachd?	3
1.2 Seasmhachd agus Bith-iomadachd	3
1.3 Plana-gnìomha Bith-iomadachd na RA	5
1.4 Plana-gnìomha Bith-iomadachd Ionadail (LBAP)	7
1.5 An t-Àite aig Planaichean-gnìomha Àrainnean agus Ghnèithean	9
2 Obair Bith-iomadachd nan Eilean Siar	11
2.1 Tòiseachadh na h-Obrach	11
2.2 Buidheann Stiùiridh LBAP	11
2.3 Buidheann Sgrùdaidh	11
2.4 Amasan LBAP	13
2.5 Gnìomhan Coitcheann	15
2.6 Sgrùdadh Bith-iomadachd	15
2.7 Òrdugh Prìomhachais Àrainnean agus Gnèithean	17
2.8 Ìrean Plana Gnìomh	21
2.9 Cruth a' Phlana-gnìomha	21
3 Buileachadh	23
3.1 Com-pàirteachadh a' Phobaill	23
3.2 Leudachadh Mothachaidh	25
3.3 Measadh agus sgrùdadh adhartais	25
3.4 Stòrasan	27
3.5 Clàradh Bith-eòlasach	27
4 Dòighean Cuideachaidh	29
5 Pàipearan-taice	33
5.1 Liosta Àrainnean	33
5.2 Liosta Ghnèithean	35



SCOTTISH
NATURAL
HERITAGE



The production of the Western Isles Local Biodiversity Action Plan has been jointly funded by Comhairle nan Eilean Siar and Scottish Natural Heritage.

Photographs courtesy of:

Bill Neill, SNH, RSPB, Jon Hollingdale, Alasdair Banks, Uisdean Robertson, James Smith & Balivanich Primary School

Bha ullachadh Plana-gnìomha Bith-iomadachd Ionadail nan Eilean Siar co-mhaoinichte le Comhairle nan Eilean Siar agus Dualchas Nàdair na h-Alba.

Dealbhan le cead bho:

Bill Neill, SNH, RSPB, Jon Hollingdale, Alasdair Banks, Uisdean Robertson, James Smith agus Bun Sgoil Bhaile a' Mhanaich



Biodiversity ... includes all plants and animals, from the smallest ladybird to the largest whale and it also includes YOU and ME.

1.1 What is Biodiversity?

“Our Nature” is how a young pupil from Castlebay Primary School described biodiversity. Biodiversity (short for biological diversity) simply means the variety of all living things on Earth. This includes all plants and animals, from the smallest ladybird to the largest whale and it also includes YOU and ME. Biodiversity provides us with the essentials needed for life – oxygen, clean water, a range of foods, clothing, health and relaxation. Biodiversity enriches all our lives, and we should seek to safeguard it for future generations.

Biodiversity action planning is about finding ways of safeguarding “our nature”, one of our most precious assets, while balancing its stewardship with the needs of local communities.

Biodiversity loss is not an issue confined to tropical rainforests. There has been a considerable loss in habitats and species over many years throughout the world. Species such as the large copper butterfly, Kentish plover and Ivell’s sea anemone are now extinct in the UK. The Western Isles has also experienced a loss of species. While it still occurs on the mainland, the Ptarmigan (a subarctic grouse) is extinct in

the Western Isles, as would be the White-tailed Eagle if it were not for a dedicated initiative to re-introduce them. It is not just a question of species extinction; problems such as habitat loss and declining species are also issues that should be addressed.

However, traditional agricultural practices in the Western Isles and the lack of artificial fertiliser and pesticide usage has meant that the islands remain rich in bird and plant species that have declined on intensive mainland farmland. The demise of Corncrakes is well known and one third of the British population is now found in the Western Isles, while one third of Scottish Corn Buntings are also found here. The quality of the Western Isles environment is fundamental to the local economy, for example, tourism, aquaculture, fisheries and crofting, and has directly and indirectly resulted in the creation of jobs, projects and schemes.

1.2 Sustainability and Biodiversity

Sustainability can be described as integrating and balancing economic, social and environmental objectives. The conservation management of biodiversity is an essential element of sustainable development and the state of our

1.1 Dè th' ann am Bith-iomadachd?

B' e "Ar Nàdar" am mìneachadh a thug aon de sgoilearan òga Bunsgoil Bhàgh a' Chaisteil airson bith-iomadachd. Tha bith-iomadachd (giorrachadh air iomadachd bith-eòlasach) dìreach a' ciallachadh gach seòrsa nì beò sa Chrùinne-cè. Tha seo a' gabhail a-staigh gach lus agus beathach, bhon daolag-bhreas-dhearg as lugha chun na muice-mara as motha agus cuideachd THUSA agus MISE. 'S ann bho bhith-iomadachd a tha sinn a' faighinn nan nithean a dh'fheumas sinn ar cumail beò - ogsaidean, uisge glan, biadh, aodach, slàinte agus fois. Tha bith-iomadachd a' cur ri beatha a h-uile duine againn, agus bu chòir dhuinn feuchainn ri a dhìon do ghinealaich ri teachd.

Tha dealbhadh plana-gnìomh bith-iomadachd mu dheidhinn dòighean a lorg airson dìon a chur air "ar nàdar", aon de na nithean as luachmhoire a tha againn, agus aig an aon àm a' co-chothromachadh a stiùbhardachd ri feuman nan coimhearsnachdan ionadail.

Chan eil call bith-iomadachd air a chuingealachadh ri coilltean-uisge tropaigeach. Thathar air mòran àrainnean agus gnèithean a chall thar iomadh bliadhna air feadh an t-saoghail. Tha gnèithean leithid an dealan-de mòr choprag, an fheadag Kentish agus cìoch-thràghad Ivell a-nis air a dhol à bith san RA. Tha na h-Eileanan Siar cuideachd air ghnèithean a chall. Ged a gheibhear e fhathast air tìr-mòr, tha an Tarmachan (cearc-fhraoich fo-arcticeach) air a dhol à bith sna h-Eileanan Siar, dìreach mar a bhiodh an Iolair-mhara mur b' e iomairt shònraichte airson an toirt air ais. Cha bhuin seo a-mhàin do ghnèithean a bhith a' bàsachadh a-mach; bu chòir cuideachd aghaidh a chur air duilgheadasan leithid call àrainnean agus crìonadh ghnèithean.

A dh'aindeoin sin, tha modhan àiteachais traidiseanta anns na h-eileanan an Iar agus beag-chleachdadh air todhar gallda agus pesticide air ciallachadh gu bheil na h-Eileanan fhathast beartach a-thaobh eunlaith agus gnèithean lus a tha air lùghdachadh gu mòr air tuathan teann-àraichte ma mòr-thìr. Tha fios farsaing air mar a tha an traon an lùghdachadh agus tha trian de na h-aireamhan am Breatrainn a-nis rim faighinn anns na h-eileanan an Iar, agus tha trian de gealbhonn an t-sìl cuideachd rim faighinn an seo. Tha ìnbe àrainneachd nan Eilean Siar bunaiteach don eaconomaidh ionadail, mar eisimpleir, turasachd, àrachas-mara, iasgach agus croitearachd, agus tha seo air obraichean, pròiseactan agus sgeamaichean a chruthachadh gu dìreach no co-cheangailte.

1.2 Seasmhachd agus Bith-iomadachd

Faodar seasmhachd a mhineachadh mar aonachadh agus cothromachadh air amasan eaconomach, sòisealta agus àrainneachdail. Tha glèidhteachas bith-iomadachd na eileamaid riatanach ann an leasachadh seasmhach agus tha staid ar bith-iomadachd na chomharra air dè cho soirbheachail 's a tha sinn ann an coileanadh dòigh-beatha

sheasmhach. Bu chòir glèidheadh agus leasachadh ar bith-iomadachd a dhol còmhla ri coinneachadh ri feuman sòisealta agus eaconomach slughan nan Eilean Siar.

'S e Clàr-gnothaich Ionadail 21 a bhith a' cur air dòigh poileasaidhean ionadail airson leasachadh seasmhach agus co-obrachadh eadar ùghdarrasan ionadail agus earrannan eile airson an cur an gnìomh. Tha e a' toirt dòighean coitcheann airson seasmhachd gu ìre

Tha bith-iomadachd... a' gabhail a-staigh gach lus agus beathach, bhon daolag-bhreas-dhearg as lugha chun na muice-mara as motha agus cuideachd THUSA agus MISE.

*Opposite: Breascleite, Lewis
Right: Puffins
Mu choinneimh: Breascleit,
Leòdhais
Deas: Fachach/Buthaid*





Local Biodiversity Action Plans bring global measures for biodiversity conservation to a local level



biodiversity is an indicator of our success in achieving a sustainable way of life. Conserving and enhancing our biodiversity should go hand in hand with meeting the social and economic needs of the Western Isles population.

Local Agenda 21 is the process of developing local policies for sustainable development and building partnerships between local authorities and other sectors to implement them. It brings global measures for sustainability to a local level in the same way that Local Biodiversity Action Plans bring global measures for biodiversity conservation to a local level. In the Western Isles the Local Agenda 21 process is known as the Western Isles Quality of Life Initiative. The initiative is

being developed by the Community Planning Partnership, and is looking at ways of improving the quality of life of today's residents without using resources that future generations may need. A set of 15 'sustainability themes' has been agreed and the initiative seeks to ensure that these are considered and reflected in the policies and decisions of the partner agencies and organisations.

The Local Biodiversity Action Plan will form an integral part of the Quality of Life Initiative and its progress will be used as an indicator of success in implementing the sustainability themes.

1.3 UK Biodiversity Action Plan (UKBAP)

In 1992, the global community responded to biodiversity loss by publishing the Convention on Biodiversity. As a signatory to this important treaty, the UK Government published the UK Biodiversity Action Plan (UK BAP) in 1994.

Fundamental to this publication was the production of separate action plans for priority species and habitats setting out clear, measurable targets. There are currently 391 Species Action Plans and 45 Habitat Action Plans that extend across the UK.

Delivering the targets of the UK priority species and habitat action plans is used as a measure of progress on the UK

ionadail dìreach mar a tha Planaichean-gnìomha Bith-iomadachd Ionadail a' dèanamh airson glèidhteachas bith-iomadachd. Sna h-Eileanan Siar tha obair Clàr-gnothaich Ionadail 21 fon ainm Iomairt Gnè-beatha nan Eilean Siar. Tha an iomairt ga chur air dòigh leis a' Chom-phàirteachas Dealbhadh Coimhearsnachd, agus tha e a' coimhead ri dòighean air gnè-beatha luchd-còmhnaidh an latha an-diugh a leasachadh gun a bhith a' caitheamh stòrasan air am faodadh ginealaich ri teachd a bhith a' cur feum. Thathar air seata de 15 'cuspairean seasmhachd' aontachadh agus tha an iomairt airson gum bi aire air a thoirt dhaibh agus gum faicear iad ann am poileasaidhean agus co-dhùnaidhean nan diofar bhuidhnean com-pàirteachaidh.

Bidh am Plana-gnìomha Bith-iomadachd Ionadail na phàirt riatanach den Iomairt Gnè-beatha agus 's e an t-adhartas a nithear leis an comharra a chleachdar air soirbheachadh le buileachadh nan cuspairean seasmhachd.

1.3 Plana-gnìomha Bith-iomadachd na RA (UKBAP)

Ann an 1992, dhèilig na coimhearsnachdan air feadh an t-saoghail ri call bith-iomadachd le bhith a' foillseachadh a' Chùmhnant Bith-iomadachd. Mar riaghaltas a chuir ainm ris a' chùmhnant chudromach seo, dh'fhoillsich Riaghaltas na RA Plana-gnìomha Bith-iomadachd na RA (UKBAP) ann an 1994. Aig bunait an fhoillseachaidh seo bha planaichean-gnìomha fa leth airson prìomh ghnèithean agus àrainnean anns an robh cuimsean soilleir, agus a ghabhadh tomhas. Aig an àm seo tha 391 Planaichean-gnìomha Ghnèithean agus 45 Planaichean-gnìomha Àrainnean air feadh na RA.

Tha buileachadh nan cuimsean ann am planaichean-gnìomha phrìomh ghnèithean agus àrainnean na RA air a chleachdadh mar shlat-tomhais airson adhartas Phlana-gnìomha Bith-iomadachd na RA. Mar sin tha aithris chunbhalach mu na cuimsean sin

cudromach. Bha Fòram Bith-iomadachd na h-Alba (roimhe Buidheann Bith-iomadachd na h-Alba) air a stèidheachadh gus stiùireadh a thoirt mun obair a dh'fheumar a dhèanamh mar thoradh air Plana-gnìomha na RA an Alba. Aig cridhe obair bith-iomadachd an Alba tha an aithne nach gabh Plana-gnìomha Bith-iomadachd na RA a bhùileachadh ach a-mhàin le bhith a' dèanamh cinnteach gum bi amasan nàiseanta air an atharrachadh gu obair aig ìre ionadail anns am bi slugh na sgìre an sàs. 'S e Planaichean-gnìomha Bith-iomadachd Ionadail an dòigh air na h-amasan nàiseanta sin a choileanadh aig ìre ionadail, le ùghdarrasan ionadail air feadh Alba a' stiùireadh na h-obrach.

Opposite left: Heather
Opposite right: Schools
involvement in woodland planting
Below: Atlantic salmon

Mu choinneimh clì: Fraoch
Mu choinneimh deas:
Sgoiltean an sàs ann am
pròiseactan choilltearachd
Gu h-ìosal: Bradan



Tha Planaichean-gnìomha Bith-iomadachd Ionadail a' toirt doighean glèidhteachais bith-iomadachd an t-saoghail gu ìre ionadail.

Opposite: Great yellow
bumblebee on knapweed
Below left: Corncrake
Below right: Schools play an
important role in raising
awareness of biodiversity

Mu choinneimh:
Seillean-mòr air cnapan-dubh
Gu h-ìosal cli:Traon
Gu h-ìosal deas: Tha prìomh phàirt
aig sgoiltean ann a bhith
a' leudachadh mothachaidh de
bhith-iomadachd.

*...to focus
resources to
safeguard
and enhance
nationally and
locally
important
species and
habitats in a
given area.*

Biodiversity Action Plan. Regular reporting on these targets is therefore important. The Scottish Biodiversity Forum (formerly the Scottish Biodiversity Group) was set up to guide the necessary work arising from the UK Action Plan in Scotland. Central to Scottish action for biodiversity is the recognition that the UK Biodiversity Action plan can only be implemented by ensuring that national objectives are translated into local action with the involvement of local people. The means for achieving these national aims at the local level are Local Biodiversity Action Plans, the development of which are being led by local authorities throughout Scotland.









The UK BAP is an extremely important document, which sets the framework for work locally on Local Biodiversity Action Plans (LBAPs). The UK BAP plays a major role in the formulation of LBAPs, thus many of the priorities identified in the UK BAP will be taken into consideration, and expanded upon in relation to Local Plans, this includes the one developed for the Western Isles.

1.4 Local Biodiversity Action Plan (LBAP)

The Local Biodiversity Action Plan is a process rather than a plan in the conventional sense, seeking to focus resources to safeguard and enhance nationally and locally important species and habitats in a given area. LBAPs

require the input and support of conservation bodies and other interested organisations in their drafting and implementation. It is inherent to their development and essential that LBAPs are a partnership process.

The main functions of the LBAP are:

-  To translate national targets for species and habitats, as specified in the UK action plan, into effective action at the local level.
-  To stimulate effective local working partnerships to ensure that programmes for biodiversity conservation are developed and maintained.
-  To raise awareness of the need and responsibilities for biodiversity conservation and enhancement in the local contexts.
-  To identify biodiversity resources and priorities in the local area.
-  To identify targets for species and habitats important to the local area, including both the rare and the common, according to local circumstances.
-  To ensure that the delivery mechanisms for conservation and enhancement of biodiversity resources are promoted and understood at local level.
-  To provide a local basis for monitoring progress in biodiversity conservation.
-  To contribute to improving sustainability.





'S e pàipear air leth cudromach a tha ann am BAP na RA, oir tha e a' suidheachadh an fhrèam airson obair aig ìre ionadail air Planaichean-gnìomha Bith-iomadachd Ionadail (LBAPan). Tha pàirt cudromach aig BAP na RA ann an cur ri chèile LBAPan, mar sin bithear a' toirt aire do mhòran de na prìomh-amasan ann am BAP na RA, agus a' leudachadh orra ann am Planaichean Ionadail, a' gabhail a-staigh plana nan Eilean Siar.

1.4 Plana-gnìomha Bith-iomadachd Ionadail (LBAP)

'S e a tha sa Phlana-gnìomha Bith-iomadachd Ionadail ach dòigh-obrachaidh seach plana san t-seagh àbhaisteach, a tha airson stòrasan a stiùireadh a dh'ionnsaigh dìon agus leasachadh ghnèithean agus àrainnean le cudrom nàiseanta agus ionadail ann an ceàrn àraidh. Feumaidh dreachdadh agus am buileachadh LBAPan steach-chur agus taic bho na buidhnean glèidhteachais agus eile aig a bheil ùidh annta. Tha e in-ghnèitheach agus riatanach gum bi co-obrachadh na phàirt de leasachadh nan LBAPan.

'S iad prìomh ghniomhan an LBAP:

- ✎ Cuimsean nàiseanta airson gnèithean agus àrainnean atharrachadh gu obair èifeachdach aig ìre ionadail, mar a tha air a shònrachadh ann am plana-gnìomha na RA.
- ✎ Co-obrachadh èifeachdach a bhrosnachadh aig ìre ionadail gus dèanamh cinnteach gum bi prògraman airson glèidhteachas bith-iomadachd air an leasachadh agus air an cumail suas.
- ✎ Mothachadh a leudachadh air an fheum agus na dleasan airson glèidhteachas bith-iomadachd agus leasachadh sna suidhichidhean ionadail.
- ✎ Stòrasan agus prìomh-amasan bith-iomadachd a chomharrachadh san sgìre.
- ✎ Cuimsean a chomharrachadh airson gnèithean agus àrainnean le cudrom don sgìre, gach cuid an fheadhainn a tha tearc agus an fheadhainn chumanta, an co-rèir ris an t-suidheachadh ionadail.
- ✎ Dèanamh cinnteach gum bi dòighean libhrigidh airson glèidheadh agus leasachadh stòrasan bith-iomadachd air an cur air adhart agus air an tuigse aig ìre ionadail.

- ✎ Stèidh ionadail a bhith ann airson sgrùdadh an adhartais le glèidhteachas bith-iomadachd.
- ✎ Cuideachadh le leasachadh seasmhach.

...airson

stòrasan a
stiùireadh a
dh'ionnsaigh dìon
agus
leasachadh
ghnèithean agus
àrainnean le
cudrom
nàiseanta agus
ionadail ann an
ceàrn àraidh.

1.5 The Role of Habitat and Species Action Plans

As part of the LBAP, species and habitats are identified by an audit process. These are evaluated to identify priorities for each area, in this case, the Western Isles. On the basis of the chosen priorities for the Western Isles LBAP, action plans are developed. The Habitat and Species action plans will be developed around these chosen priorities and through partnership discussion specific targets and proposals for actions will be identified for each of the priority habitats and species.

In the UK alone there have been declines in the populations of many species and a reduction in the size and quality of the habitats they live in, which results in an impact on our quality of life. There is a need for species and habitat action plans, which will enable species and habitats to be assessed, and targets to be produced to improve their current situation in the long term.



...through partnership discussion specific targets and proposals for action will be identified for each of the priority habitats and species



*Left: Eyebright
Opposite: Gorge woodland, South Uist
Cli: Lus nan leac
Mu choinneimh: Coille bealaich, Uibhist a Deas*

1.5 An t-Àite aig Planaichean-gnìomha Àrainnean and Ghnèithean

Mar phàirt den LBAP, tha gnèithean agus àrainnean air an comharrachadh tro obair sgrùdaidh. Tha iad sin air am measadh gus prìomh-amasan a chomharrachadh airson gach roinn, san t-suidheachadh seo, na h-Eileanan Siar. Air bhonn nam prìomh-amas a thogadh airson LBAP nan Eilean Siar, tha planaichean-gnìomha air an cur ri chèile. Bidh na planaichean-gnìomha Àrainnean agus Ghnèithean air an cur ri chèile timcheall air na prìomh-amasan a chaidh an taghadh agus tro cho-bheachdachadh bidh cuimsean agus molaidhean sònraichte air an comharrachadh airson gnìomhan a thaobh gach prìomh àrainn agus gnè.

San RA na aonar tha crìonadh air a bhith ann an àireamhan mòran ghnèithean agus lùghdachadh ann am meud agus inbhe nan àrainnean sa bheil iad beò, agus tha sin a' bualadh air ar gnè-beatha. Tha feum air planaichean-gnìomha ghnèithean agus àrainnean, a bheir cothrom air gnèithean agus àrainnean a mheasadh, agus cuimsean ullachadh airson an t-suidheachaidh a tha ann a leasachadh san fhad-ùine.

Tha planaichean-gnìomha nan àrainnean agus ghnèithean air am filleadh a-staigh mar phrìomh phàirt den LBAP. 'S ann tro na planaichean-gnìomha àrainnean agus ghnèithean a tha muinntir na sgìre agus coimhearsnachdan eile san àite a' faighinn cothrom air com-pàirteachadh ann an obair an LBAP. Thatar den bheachd gu bheil com-pàirteachadh dhaoine sa choimhearsnachd agus an ceàrnaidhean eile air leth cudromach airson nan Eilean Siar.

...tro cho-
bheachdachadh
bidh cuimsean
agus
molaidhean
sònraichte
air an
comharrachadh
airson gnìomhan
a thaobh gach
prìomh àrainn
agus gnè



PLANADH BITH-IOMADACHD AIG ÌRE EADAR-NÀISEANTA, NÀISEANTA AGUS IONADAIL

Co-chruinneachadh Cruinne Rio 1992

Raighaltas Bhreatainn a' soighneadh Aonta air Bith-iomadachd

Plana Gnìomh Bith-iomadachd Bhreatainn 1994

Liost gach gnè agus àite-còmhnaidh am Breatainn ann an cunnart no cudthromach Planaichean Gnìomh air ullachadh airson an fheadhinn as motha an cunnart

Forum Bith-iomadachd Alba

Obair luchd-ùil an Alba

LBAP Roinnean Eile an Alba

Adhartachadh Planaichean
Gnìomh Ionadail air feadh Alba

LBAP nan Eilean Siar

Planaichean Gnìomh àitean-
còmhnaidh agus gnèithean air
an leasachadh



A steering group...has been established comprising individuals and representatives of organisations that have a major role in delivering biodiversity objectives

2.1 Initiation of the Process

In December 2000, Comhairle nan Eilean Siar appointed a part-time biodiversity officer to co-ordinate the production of a Local Biodiversity Action Plan for the Western Isles. This post is partly funded by Scottish Natural Heritage. In May 2001, a Steering Group and an Audit Group were established to progress the Western Isles LBAP.

2.2 LBAP Steering Group

A steering group, lead by Comhairle nan Eilean Siar, has been established comprising individuals and representatives of organisations that have a major role in delivering biodiversity objectives (see box 2.1 below). This is the core group, however, other organisations can be invited on, as and when required. The role of the steering group is to direct the LBAP process, to inform decisions on how to tackle the various steps involved and in due course to ensure that the

Western Isles LBAP Steering Group

-  Comhairle nan Eilean Siar
-  Crofters Commission
-  Forestry Commission Scotland
-  Land owner interests
-  Scottish Crofting Foundation
-  Scottish Natural Heritage
-  Scottish Executive Environment & Rural Affairs Department
-  Scottish Environment Protection Agency
-  Royal Society for the Protection of Birds
-  Western Isles Fishermen's Association
-  Western Isles Fisheries Trust
-  Western Isles Aquaculture Association

Western Isles Audit Group

-  Comhairle nan Eilean Siar
-  Scottish Natural Heritage
-  Royal Society for the Protection of Birds
-  Scottish Executive Environment & Rural Affairs Department
-  Scottish Agricultural College
-  Scottish Wildlife Trust

Box 2.1

Chaidh
buidheann
stiùiridh a
stèidheachadh de
dhaoine fa leth
agus
riochdairean
bho bhuidhnean
aig a bheil
pàirt
cudromach
ann am
buileachadh
amaSan
bith-iomadach

2.1 Tòiseachadh na h-Obrach

San Dùbhlachd 2000, chuir Comhairle nan Eilean Siar oifigear bith-iomadachd pàirt-ùine an dreuchd mar cho-òrdanaiche air ullachadh Plana-gnìomha Bith-iomadachd Ionadail airson nan Eilean Siar. Tha an dreuchd seo co-mhaoinichte le Dualchas Nàdair na h-Alba. Sa Chèitean 2001, chaidh Buidheann-stiùiridh agus Buidheann Sgrùdaidh a stèidheachadh gus LBAP nan Eilean Siar a thoirt air adhart.

2.2 Buidheann Stiùiridh LBAP

Chaidh buidheann stiùiridh a stèidheachadh bho stiùir Chomhairle nan Eilean Siar de dhaoine fa leth agus riochdairean bho bhuidhnean aig a bheil pàirt cudromach ann am buileachadh amasan bith-iomadachd. (faic bogsa 2.1 gu h-ìosal). 'S e seo am prìomh bhuidheann; ach, faodar cuireadh a thoirt do bhuidhnean eile a thighinn air, mar agus nuair a bhios feum air. 'S e dleastanas a' bhuidhinn a bhith a' stiùireadh obair an LBAP, a' toirt comhairle a thaobh co-dhùnidhean mun dòigh air dèiligeadh ri na ceuman eadar-dhealaichte a bhuineas don obair agus aig a' cheann thall a' dèanamh cinnteach gum bi buileachadh nam planaichean-

gnìomha air a sgrùdadh. Bu chòir don bhuidheann-stiùiridh ionadail a bhith ag amas air èifeachd nam planaichean-gnìomha àrainnean agus ghnèithean agus an LBAP a mheasadh agus a bhith comasach air aithris mun seo a thoirt don bhuidheann-stiùiridh aig ìre Alba agus RA.

2.3 Buidheann Sgrùdaidh

Chaidh buidheann sgrùdaidh a stèidheachadh airson fiosrachadh a thoirt seachad airson obair an LBAP. Tha seo a' gabhail a-staigh riochdairean bho phrìomh bhuidhnean aig a bheil dàta mu bhith-iomadachd sna h-Eileanan Siar (faic bogsa 2.1).

Opposite: Species-rich grassland provides food and shelter for insects
Below: Rowan

Mu choinneimh: Talamh feòir a tha beartach ann an gnèithean a bheir biadh is fasgadh do mheanbh-bhiastan.
Gu h-ìosal: Caorann




Structar Buidheann Stiùiridh LBAP nan Eilean Siar

- ✎ Comhairle nan Eilean Siar
- ✎ Ùghdarras nan Croitearan
- ✎ Ùghdarras nan Coilltean an Alba
- ✎ Com-pàirt uachdarain
- ✎ Urras Croitearachd na h-Alba
- ✎ Dualchas Nàdair na h-Alba
- ✎ Roinn na h-Àrainneachd & Chùisean Dùthchail aig Riaghaltas na h-Alba
- ✎ Buidheann Dion Àrainneachd na h-Alba
- ✎ Comann Rìoghail Dion nan Eun
- ✎ Comann Iasgairean nan Eilean Siar
- ✎ Urras Iasgaireachd nan Eilean Siar
- ✎ Comann Tuathanachas-uisge nan Eilean Siar

Structar Buidheann Sgrùdaidh nan Eilean Siar

- ✎ Comhairle nan Eilean Siar
- ✎ Dualchas Nàdair na h-Alba
- ✎ Comann Rìoghail Dion nan Eun
- ✎ Roinn na h-Àrainneachd & Chùisean Dùthchail aig Riaghaltas na h-Alba
- ✎ Colaiste Àiteachais na h-Alba
- ✎ Urras Fhiadh-bheatha na h-Alba

Bogsa 2.1



*The LBAP
will translate
national
targets for
habitats &
species into
actions at a
local level...*

implementation of the action plans is monitored. The local steering group should aim to quantify the success of the habitats and species action plans and the LBAP and be prepared to report this to the Scottish and UK level steering group.

2.3 Audit Group

An audit group has been established to help inform the LBAP process. This comprises representatives of key organisations that hold data on biodiversity in the Western Isles (see box 2.1).

2.4 LBAP Objectives

The LBAP will translate national targets for habitats and species into actions at a local level as well as including habitats and

species that are locally important to the Western Isles.

The objectives of the Western Isles LBAP, which are based on national guidance and the UK BAP, are:

1. To ensure that the variety of habitats is maintained and where practicable, enhanced.
2. To maintain, and where practicable, enhance the population of species.
3. To raise awareness of the wildlife importance associated with habitats and species.
4. To encourage local involvement in habitat and species protection schemes by involving individuals, communities, businesses and voluntary groups.

Objectives should flow through into the actions, so the whole LBAP process can be seen to be working effectively. This visibility enables the implementation of the plans to become clearer.



*Bidh an
LBAP ag
atharrachadh
cuimsean
nàiseanta
airson
àrainnean
agus
gnèithean gu
gnìomhan aig
ìre ionadail...*

*Opposite: Woodland at Lews Castle,
Stornoway
Above: Cattle grazing is essential for
maintenance of the machair habitat*

*Mu choinneimh: Coille aig Caisteal
Leòdhais, Steòrnabhagh
Gu h-àrd: Ma tha àrainneachd na
machrach gus maireachdainn tha e
riatanach gum bi crodh ag ionaltradh air.*

2.4 Amasan LBAP

Bidh an LBAP ag atharrachadh cuimsean nàiseanta airson àrainnean agus gnèithean gu gnìomhan aig ìre ionadail agus a' gabhail a-staigh àrainnean agus gnèithean le cudrom ionadail do na h-Eileanan Siar.

'S iad amasan LBAP nan Eilean Siar, a tha air am bonntachadh air stiùireadh nàiseanta agus BAP na RA:

1. Dèanamh cinnteach gum bi na h-àrainnean eadar-dhealaichte air an cumail suas agus far am bi e comasach, air an leasachadh.
2. Cumail suas, agus far am bi e comasach, leasachadh air àireamhan ghnèithean.
3. Mothachadh a leudachadh air cho cudromach 's a tha am fiadh-bheatha a tha sna h-àrainnean agus gnèithean.
4. Misneachd a thoirt airson com-pàirt dhaoine, choimhearsnachdan, ghnòthachasan agus bhuidhnean saor-thoileach ionadail ann an sgeamaichean airson àrainnean agus gnèithean a dhìon.

Bu chòir amasan a bhith a' sruthadh a-steach do na gnìomhan, agus am faicear obair LBAP gu h-iomlan ag obrachadh gu h-èifeachdach. Tha an fhollaiseachd seo a' dèanamh buileachadh nam planaichean nas soilleire.

2.5 Generic Actions

There are a number of actions, which will assist in achieving the above objectives and help to raise the profile of, and encourage interest in the biodiversity of the Western Isles. These actions were developed through consultation with the public and the partner organisations. They are generic to the LBAP process and flow directly from the objectives identified above. The steering group will take the lead in implementing these actions.

The successful delivery of actions and the ongoing process depend on the participation and commitment of a wide range of people particularly local people and organisations. Having the opportunity to contribute to the action plans from an early stage is important to local people. Education in schools and communicating with parents is key to becoming familiar with and sharing knowledge about biodiversity.

No.	Action	LBAP Objectives
1	Produce, monitor and review action plans for locally important habitats and species.	1, 2
2	Ensure that Development Plans, other strategies and proposals take account of the Habitats and Species Action Plans.	1, 2
3	Inform members of the public about the development of the habitat and species action plans, and encourage public involvement in the process.	3
4	Gain support from policy makers, funding organisations, the business sector and residents to manage known sites.	4
5	Improve access to biodiversity information through investigating the establishment of a Western Isles Record Centre.	3, 4
6	Encourage the involvement of young people through development of a young naturalist group.	3, 4
7	Use the Western Isles Biodiversity Website to raise awareness of the action plan species and habitats and to provide information on relevant actions for communities and individuals.	3, 4
8	Investigate the possibility of working with private enterprise to sponsor awareness raising initiatives.	3, 4
9	Work with the area tourist board to raise awareness of the action plan habitats and species and to use these as a tool to market the islands.	3, 4
10	Investigate the development of demonstration projects linked to the Habitat and Species Action Plans.	1, 2, 3, 4
11	Raise awareness of the problems associated with species non-native to the Western Isles and encourage the removal of non-native species causing damage to native flora and fauna.	1, 2, 3, 4
12	Integrate biodiversity into other services such as education.	3, 4

...successful delivery of actions and the ongoing process depend on the participation and commitment of a wide range of people particularly local people and organisations

2.6 Biodiversity Audit

The Western Isles biodiversity audit was produced by the Scottish Agricultural College in June 2002 and provides baseline information about the biodiversity resource of the area. The audit is designed as a working document to be used by the local biodiversity action plan steering group, to identify the local priority habitats and species.

Within the audit the basic lists of species and habitats identified have been drawn from the current UK BAP inventory of priority habitats and species and from the series of SNH reports outlining the distribution of these and other significant species in Scotland by local government areas.

To date, the audit report identifies 18 priority habitats, 2 broad habitats and 4 locally important habitats. It also identifies

189 species, 60 of which are priority species, 72 are of conservation concern and 57 are locally important. See appendices 5.1 and 5.2 for the full list of habitats and species.

The audit is not a full account of all habitats and species found in the Western Isles as it focuses on the UK priority species and habitats. In addition, a number of habitats and species of local significance, which are not on the UK lists, are included on the advice of local specialists.

The audit is a 'snapshot' of the information accessible in a short period of time and it is envisaged that the audit will require reviewing and updating by the audit group periodically as data becomes available.



2.5 Gnìomhan Coitcheann

Tha grunn gnìomhan ann, a chuidicheas ann an coileanadh nan amas gu h-àird agus ann an àrdachadh ìomhaigh, agus ùidh, ann am bith-iomadachd nan Eilean Siar. Bha na gnìomhan sin air an cur ri chèile tro cho-chomhairleachadh leis a' phoball agus na buidhnean compàirteachaidh. Tha iad nam pàirt coitcheann de obair LBAP agus a' sruthadh dìreach bho na h-amasan air an comharrachadh gu h-àird. Bidh am buidheann-stiùiridh air ceann buileachadh nan gnìomhan sin.

Tha buileachadh gnìomhan agus an obair a chumail a' dol an urra ri compàirteachadh agus dealas mòran dhaoine gu sònraichte daoine agus buidhnean a bhùineas don àite. Tha cothrom air a bhith a' cuideachadh le na planaichean-gnìomha bho thoiseach gnothaich cudromach do shluagh an àite. Tha foghlam ann an sgoiltean agus conaltradh ri pàrantan cudromach airson ionnsachadh mu bhith-iomadachd agus fiosrachadh a thoirt seachad mu dheidhinn.

2.6 Sgrùdadh Bith-iomadachd

Bha sgrùdadh bith-iomadachd nan Eilean Siar air ullachadh le Colaiste Àiteachais na h-Alba san Ògmhios 2002 agus tha e a' toirt fiosrachadh bunaiteach mu stòras bith-iomadachd na sgìre. Tha an sgrùdadh dealbhte mar phàipear-obrach a bhios buidheann stiùiridh a' Phlana-gnìomha Bith-iomadachd Ionadail a' cleachdadh, airson na prìomh àrainnean agus gnèithean ionadail a chomharrachadh.

Taobh a-staigh an sgrùdaidh tha na liostaichean bunaiteach de ghnèithean agus àrainnean a bha air an comharrachadh air an toirt bho chlàr BAP làithreach na RA de phrìomh àrainnean agus gnèithean agus bho na h-aithisgean aig SNH a' toirt cunntas air sgoileadh nan gnèithean sin agus feadhainn chudromach eile an Alba le roinnean ionadail.

Gu ruige seo, tha an aithisg sgrùdaidh a' comharrachadh 18 prìomh àrainnean, 2 àrainn choitcheann agus 4 àrainnean le

cudrom ionadail. Tha e cuideachd a' comharrachadh 189 gnèithean, 60 dhiubh prìomh gnèithean, 72 cudromach a thaobh glèidhteachais agus 57 le cudrom ionadail. Faic pàipearan-taice 5.1 agus 5.2 airson an liosta iomlan de àrainnean agus gnèithean.

Chan e cunntas coileanta a tha san sgrùdadh den h-uile àrainn agus gnè a tha sna h-Eileanan Siar oir tha e a' cur cudrom air prìomh ghnèithean agus àrainnean na RA. A thuilleadh air sin, tha grunn àrainnean agus gnèithean le cudrom ionadail, nach eil air liostaichean na RA air an gabhail a-staigh air comhairle speisealaichean ionadail.

Tha an sgrùdadh a' toirt dealbh den fhiosrachadh a gheibhear ann an ùine ghoirid agus thathar an dùil gum feum an sgrùdadh ath-bhreithneachadh agus ùrachadh leis a' bhuidheann sgrùdaidh bho àm gu àm mar a gheibhear dàta.

Tha buileachadh gnìomhan agus an obair a chumail a' dol an urra ri compàirteachadh agus dealas mòran dhaoine gu sònraichte daoine agus buidhnean a bhùineas don àite.

Aireamh	Gnìomh	Amasan LBAP
1	Planaichean-gnìomha airson àrainnean agus gnèithean le cudrom ionadail an ullachadh, an sgrùdadh agus an ath-bhreithneachadh.	1, 2
2	Dèanamh cinnteach gum bi Planaichean Leasachaidh, ro-innleachdan eile agus molaidhean a' toirt aire do na Planaichean-gnìomha Àrainnean agus Ghnèithean.	1, 2
3	Comhairle a thoirt do bhuill den phoball mu dhealbh nam planaichean-gnìomha airson àrainnean agus gnèithean, agus misneachd a thoirt airson compàirt a' phobaill san obair.	3
4	Taic fhaighinn bho luchd-dèanamh poileasaidh, buidhnean maoineachaidh, an roinn gnothachais agus luchd-còmhnaidh airson rianachd nan làrach air a bheil lorg aca.	4
5	Barrachd cothruim a thoirt air fiosrachadh bith-iomadachd tro bhith a' dèanamh rannsachadh mu Ionad Clàraidh airson nan Eilean Siar.	3, 4
6	Misneachd a thoirt do òigridh compàirteachadh tro bhith a' stèidheachadh buidheann airson òigridh le ùidh ann an nàdar.	3, 4
7	Làrach-lìn Bith-iomadachd nan Eilean Siar a chleachdadh airson mothachadh a leudachadh air na gnèithean agus àrainnean sa phlana-gnìomha agus airson fiosrachadh a thoirt mu gnìomhan iomchaidh a ni coimhearsnachdan agus daoine fa leth.	3, 4
8	Rannsachadh a' chomais air co-obrachadh le buidhnean-iomairt prìobhaideach agus iomairtean airson leudachadh mothachaidh a mhaoineachadh.	3, 4
9	Co-obrachadh le bòrd turasachd na sgìre airson mothachadh a leudachadh air na h-àrainnean agus gnèithean sa phlana-gnìomha agus iad sin a chleachdadh mar dhòigh air na h-eileanan a mhargaidheachd.	3, 4
10	Rannsachadh a dhèanamh mu phròiseactan taisbeanaidh a chur ri chèile le ceangal ri na Planaichean-gnìomha Àrainnean agus Ghnèithean.	1, 2, 3, 4
11	Mothachadh a leudachadh air na trìoblaidean an lùib fiadh-bheatha neo-ghnèitheach do na h-Eileanan Siar agus iarraidh a bhith a' toirt air falbh nan gnèithean sin a tha a' dèanamh milleadh air flùr-bheatha agus fiadh-bheatha gnèitheach.	1, 2, 3, 4
12	Bith-iomadachd fhilleadh a-staigh do sheirbheisean eile leithid foghlam.	3, 4

Habitats and SPECIES...WERE evaluated using a ranking system to decide which were priorities for action in the Western ISLES area

